

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh air astar air Diluain 5 Samhain 2020 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr G Adam
Mgr R Bremner
Mr I Gòrdan
Mgr A MacEanraig
Mgr A MacAonghais

Mgr D MacAoidh
Mgr G MacCoinnich
Mgr C Rothach
A' Bh-uas M NicPheadrais
Mgr D Rixson

Neo-Bhall an làthair:

Mgr I MacFhionnlaigh

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach – Riaghlachas agus Coileanadh
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

An Toiseach

Mus do thòisich gnothach foirmeil na coinneimh, thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- bha Comataidh Eagrachaidh Ionadail a' Mhòid Nàiseanta Rioghail air taing a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd airson an taic leis a' Mhòd Air-loidhne anns an Dàmhair;
- bha Ceit Fhorbais a' dol a thoirt seachad teachdaireachd ro-chlàraichte do na sgoilearan a bha a' gabhail com-pàirt ann an 'Siuthad!', tachartas dreuchdan Gàidhlig; agus
- bha Fèisean nan Gàidheal air fios naidheachd a chur a-mach le Prògram Fèis Blas.

Gnothach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth na M-uas I Chaimbeil, Mhgr A MhicFhionghuin, na M-uas E Roddick agus Mhgr A Mhic na Ceàrdaich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

Thug a' Chomataidh **FA-NEAR** do na foillseachaidhean com-pàirt a leanas:-

Cuspair 4 – Mgr R Bremner (neo-ionmhasail)

Cuspair 6 – Mgr C Rothach (ionmhasail)

Dh'fhoillsich Mgr R Bremner com-pàirt neo-ionmhasail ann an cuspair sam bith a dh'fhaodadh buntainn ris a' cheangal aige ris na buidhnean a leanas: Mòd Ionadail Ghallaibh agus Chataibh, Meur Ghallaibh a' Chomuinn Ghàidhealaich, Còisir Ghàidhlig na Mealbhaich, Atomaig Piseag (Còisir Ghàidhlig) agus Comataidh Eagrachaidh Ionadail Mòd Ghallaibh 2010.

3. Buaidh Covid-19 agus Ath-shlànachadh na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/3/20 le ceann-latha 29 Dàmhair 2020 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- chaidh fàilte a chur air dà-chànanas Comataidh na Gàidhlig agus chuidicheadh seo gus fianais a thoirt seachad air dealas nam Ball do chànan na Gàidhlig;
- bhiodh buntanas le luchd-labhairt Gàidhlig ann an sgoiltean is coimhearsnachdan air a bhacadh tron ghlasadh-sluaigh;
- chaidh aithne a thoirt do na diofar thachartasan didseatach a bha air an toirt seachad, an dà chuid do dhaoine òga agus pàrantan. Bha seo air toirt air Sgioba na Gàidhlig gluasad bho dhòigh-obrach aghaidh ri aghaidh gu dòigh-obrach nas innleachdaiche;
- chaidh fiosrachadh mu structar Sgioba na Gàidhlig a shireadh, cuide ris na raointean-ùghdarrais, dleastanasan agus sgìrean a bha buill na sgioba a' còmhach. A bharrachd, chaidh faighneachd co-dhiù a bha plana leasachaidh aig Sgioba na Gàidhlig a bha a' ceangal gu dìreach ri foghlam;
- chaidh toirt fa-near gun deach fiosrachadh mu bhuill Sgioba na Gàidhlig agus na dreuchdan aca a thoirt seachad aig bùth-obrach nam ball o chionn ghoirid agus gun robh am plana-obrach aca na chuspair ann an aithisg na b' anmoiche air a' chlàr-ghnothaich;
- bha e cudromach toirt am follais gun robh oifigearan leasachaidh Gàidhlig rim faotainn;
- bha iarrras air a dhèanamh do mhaoin taic COVID Bhòrd na Gàidhlig airson pròiseactan a bheireadh taic do roinn Thràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig a thaobh Prògram Ath-shlànachaidh na Gàidhlig. Cha deach ach pàirt dhen t-suim a chaidh iarraidh a thoirt seachad agus bhathar an dòchas nach robh seo air droch bhuidhe a thoirt air gin de na pròiseactan;
- chaidh moladh a dhèanamh air a' chlub às dèidh sgoile do sgoilearan bun-sgoile, gu h-àraid seach gun robh sgoilearan àrd-sgoile na lùib agus bhiodh dàimh aca le sgoilearan bun-sgoile nach biodh aig inbhich;
- chaidh iomradh a thoirt air alt naidheachd anns an *West Highland Free Press* a bha air aire a tharraing gu suirbhidhean le Bòrd na Gàidhlig a bha a' sireadh bheachdan mu chleachdadh na Gàidhlig agus mu bhith a' meudachadh cleachdadh ann an coimhearsnachdan. Bha cothrom ann iomain a chleachdadh mar dhòigh gus seo a dhèanamh agus bha grunn dhaoine òga bho sgioba bhoireannach Cheann Loch Seile air fios a chur chun a' Chomhairliche MacAonghais gus ùidh a nochdadh an seo agus bha sin na adhbhar misneachd; agus
- bha e cudromach gun robh Comataidh an Fhoghlaim mothachail mu leasachaidhean ann am foghlam Gàidhlig.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na chaidh a dhèanamh gus buaidh Covid a lùghdachadh a thaobh a bhith a' libhrigeadh nam prìomhachasan ann am Plana na Gàidhlig;
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na raointean leasachaidh làithreach is teachdail;
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh fiosrachadh ullachadh is a chonaltradh mu structar Sgioba na Gàidhlig agus an dreuchdan, raointean-ùghdarrais, dleastanasan agus na sgìrean a tha air an còmhdach.

4. Adhartas Mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr R Bremner com-pàirt neo-ionmhasail sa chuspair seo seach gun robh e air pàirt a ghabhail ann an tachartas Fèis Rois o chionn ghoirid aig a' Mhòd Air-loidhne ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mìneachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib an deasbaid san fharsaingeachd. Ach, nam biodh deasbad ann mu Fhèis Rois gu sònraichte, cha ghabhadh e pàirt sam bith san deasbad.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/4/20 le ceann-latha 29 Dàmhair 2020 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- chaidh fàilte a chur air cunntas oifigeil mu mhaoineachadh bhon taobh a-muigh a' toirt mion-fhiosrachadh mu phròiseactan, tobraichean, tabhartas air iarraidh, tabhartas air fhaotainn agus mar sin air adhart;
- chaidh ceist a thogail a thaobh carson a bha na tabhartasan a bha air am faotainn gu tric na bu lugha na an t-sùim thùsail a bha air a h-iarraidh agus co-dhiù a bha seo mar thoradh air barrachd bhuidhnean a' sireadh maoineachadh agus co-dhiù a bha seo ag adhbharachadh gearr-shuim a thaobh a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan na Gàidhealtachd;
- chaidh tuilleadh fiosrachaidh a shireadh mu phròiseactan. Mar eisimpleir, bha a' Chomhairle air iarrtas a chur a-steach airson £988 mìle de mhaoineachadh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig gus taic a chur ri Sgioba na Gàidhlig, na pròiseactan sònraichte aca agus luchd-obrach Foghlam tron Ghàidhlig ann am foghlam Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile. Bhathar an dùil gun robh seo ro fharsaing agus gun toireadh cunntas nas mionaidiche mìneachadh seachad air a' bhuidhnean a bheireadh gearradh £83 mìle air comas seirbheisean a libhrigeadh;
- bho 2018/19 gu 2020/21 bha an t-iarrtas a chaidh a-steach gu Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig air àrdachadh £44 mìle ach cha robh adhbharan air an toirt seachad a' mìneachadh carson a bha seo a dhìth;
- chaidh fiosrachadh a thoirt seachd mu na buidhnean a bha air am maoineachadh tro Mhaoineachadh Reachdail Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus chaidh fiosrachadh a shireadh agus fhaotainn mun ìre chonaltraidh a bha a' dol air adhart a thaobh dùilean nam buidhnean agus comas na Comhairle sin a libhrigeadh. Bha suidheachadh coltach ris a seo aig

a' Chomhairle fhèin ann a bhith a' cur iarrtas a-steach airson maoinachadh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig;

- bhiodh cùrsaichean cànan Gàidhlig do Bhuill, agus luchd-obrach, buannachdail. Dh'fhaodadh mòran dhiubh seo a bhith air an libhrigeadh gu bhìortail agus aig prìs ìosal no an-asgaidh. Bhiodh seo a' ciallachadh gum faodadh barrachd Bhall dhen Chomataidh bruidhinn sa Ghàidhlig; agus
- bha e fìor chudromach buidhnean a bhrosnachadh gus obrachadh còmhla nuair a bha maoinachadh gann ach dh'fheumadh seo a bhith air a dhèanamh tro cho-obrachadh agus ann an dòigh a bha air a chnuasachadh gu cùramach.

DH'AONTAICH a' Chomataidh:-

- i. gum bu chòir Plana na Gàidhlig 3 a sgrùdadh air stèidh ràitheil a' cleachdadh Siostam Coileanadh & Sgrùdadh Cunnairt (PMRS) – siostam stiùiridh coileanadh corporra na Comhairle – gus taic a chur ri bhith a' cumail sùil air adhartas ann a bhith a' libhrigeadh Plana na Gàidhlig 3;
- ii. gum bu chòir aithisg adhartais mu Phlana na Gàidhlig 3 a chur a-steach gach ràith gu Comataidh na Gàidhlig; agus
- iii. gun robh Cathraiche Comataidh na Gàidhlig agus Àrd-luchd-stiùiridh ag amas air coinneachadh ri Àrd-Oifigearan Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba dà uair sa bhliadhna.

5. Am Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/5/20 le ceann-latha 29 Dàmhair 2020 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- Bha Sgioba na Gàidhlig aig Comhairle na Gàidhealtachd air obrachadh còmhla ris a' Chomunn Ghàidhealach gus am Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne a libhrigeadh. Thug an Cathraiche iomradh cuideachd air Cèilidh na Comhairle, a bha air a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le Fèis Rois agus a bha air a dhol a-mach air an oidhche Haoine. Bha an Comhairliche Raymond Bremner am measg na sheinn agus chaidh meal a naidheachd a chur air airson seo. Chaidh moladh a dhèanamh air a' chèilidh anns an robh farpaisich agus teaghlaichean a' gabhail com-pàirt agus a thug am Mòd gu crìch ann an dòigh shunndach;
- chaidh buidheachas a chur an cèill airson na h-obrach a bha an lùib Mòd na bliadhna sa. Chaidh innse gun robh An Comunn Ghàidhealach air 550 tagradh bhidio fhaighinn agus gun deach dèiligeadh riutha gu soirbheachail ann an deagh ùine airson a' Mhòid. Cha robh seo furasta ach bha e air mòran ùidh a thogail air na meadhanan sòisealta;
- ged a bha mòran air am Mòd 'traidiseanta' ionndrainn, bha am Mòd Air-loidhne air cur nar cuimhne gun robh an fhèis ann fhathast;
- chaidh fàilte a chur air a' chom-pàirteachas eadar-nàiseanta;
- ri linn 's gun deach am Mòd 'traidiseanta' a chur dheth, bha droch bhuaidh aig a seo air an eaconamaidh ionadail agus airson an luchd-ealain a bha fèin-fhastachtaichte taobh a-staigh nan gnìomhachasan cruthachail is nach biodh air cosnadh àbhaisteach fhaighinn tro bhith a' cluiche aig tachartasan is cuirmean.
- air sàillibh mì-chinnt mu Mhòd na h-ath-bhliadhna, bha e a' coimhead coltach gum biodh co-dhiù pàirt dhen Mhòd air-loidhne agus bu chòir oidhirp a dhèanamh an call eaconamach a lùghdachadh. Math dh'fhaodte gum faodadh

cosgais bheag a bhith mu choinneamh beò-shruthadh gus taic air choreigin a thoirt do luchd-ealain fèin-fhastachta;

- bhiodh Mòd 'traidiseanta' a' togail mu £3.2m ann am buannachd dhìreach agus neo-dhìreach le còrr is 9,000 an làthair agus bha e cudromach gun deigheadh toirt fa-near do leasan na bliadhna sa gus an deigheadh rudeigin luachmhor a chur air dòigh airson 2021;
- bha a-nis bliadhna aig Inbhir Nis airson ullachadh is planadh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 agus mar a dh'fhaodadh na bha air a thabhann gu didseatach a bhith air a ghabhail a-steach fhad 's a bhathar a' meudachadh na buannachd cultarail is eaconamach. Bhathar air ceangal ro-innleachdail a thogail mar-thà le prìomh chom-pàirtichean; agus
- bha am Mòd air tlachd a thoirt seachad nach gabhadh tomhas, gu h-àraid ann am bliadhna fo bhuaidh Covid 19, agus bha e na urram a bhith ga choimhead.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan Mhòd Air-loidhne;
- ii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na pròiseactan a leasaich is a stiùir Sgioba na Gàidhlig ann an co-bhann le prìomh luchd-ùidh gus taic a chur ris a' Mhòd Air-loidhne; agus
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh coimhead nas mionaidiche air na puingean a chaidh a thogail san deasbaireachd a thaobh a bhith a' leasachadh Mòd na h-ath bhliadhna;
- iv. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh coimhead air dòighean gus teachd-a-steach a thogail airson an luchd-ealain agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd;
- v. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh aithisg adhartais a thoirt gu Comataidh na Gàidhlig sa Chèitean 2021.

6. Aithisg Foghlam tron Ghàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr C Rothach com-pàirt ionmhasail sa chuspair seach gu bheil ball dlùth teaghaich ag obair mar thidsear ann am Foghlam tron Ghàidhlig ach, às dèidh dha an deuchainn a thathar a' mineachadh ann am Paragrafan 5.2 agus 5.3 de Chòd Giùlain nan Comhairlichean a chur an gnìomh, cho-dhùin e nach robh a' chom-pàirt aige a' cur bacadh air bho bhith an lùib na deasbaireachd. Ach, nam biodh deasbad a' buntainn ri bhith ag aontachadh ghoireasan no ri atharrachadh poileasaidh, dh'fhàgadh e a' choinneamh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/6/20 le ceann-latha 29 Dàmhair 2020 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- chuir Cathraiche Comataidh an Fhoghlaim fàilte air an naidheachd gun robh Sarah Fhriseal, Ceannard Bun-Sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh a' dol a thoirt cunntas air buileachadh Gàidhlig do Chomataidh an Fhoghlaim;
- ged a chaidh fàilte a chur air an àrdachadh ann an àireamhan sgoilearan ann am foghlam ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile, b' e fhathast glè bheag de sgoilearan a bha a' suidhe dheuchainnean Gàidhlig fhileantach is Gàidhlig luchd-ionnsachaidh aig àrd ìre. Bha Buill eile a' beachdachadh gun robh an t-àrdachadh gu math beag ach bhathar an dùil nach robh daoine òga cho

buailteach cuspairean cànanain a ghabhail tuilleadh. Bha feum air barrachd sgrùdadh air dòighean gus daoine òga a bhrosnachadh is a mhisneachadh gus cànanan a ghabhail;

- bha eagal ann gun robh na roghainnean cuspair a dh'fheumadh a bhith air an dèanamh ann an ÀS2 uaireannan a' ciallachadh gun robh cuspairean mar Gàidhlig air am fàgail;
- bha an ìre fiosrachaidh a bha air a thoirt seachad a-nis a' comasachadh sgrùdadh nas fheàrr am measg Bhall;
- bhiodh e math nan deigheadh plana foghlaim FtG ullachadh airson gach sgoil seach gun cuidicheadh seo le bhith a' planadh is a' dèanamh cinnteach à goireasan a' dol air adhart. Shealladh seo cuideachd mòr-mhiann is lèirsinn Chomhairle na Gàidhealtachd airson an ama ri teachd;
- bhathar an dùil gun robh e-Sgoil, iomairt a leasaich Comhairle nan Eilean Siar gus piseach a thoirt air co-ionannachd is cothrom air foghlam, a' tabhann slighe air adhart. Ach, cha deach mòran adhartais a dhèanamh agus chaidh cunntas às ùr iarraidh a thaobh ionnsachadh air astar agus na planaichean a bha air an suidheachadh airson an ama ri teachd gus barrachd sgoilearan a chom-pàirteachadh; agus
- bha tuilleadh taic do Cheannardan-sgoile a dhith ma bha iad a' dol a libhrigeadh prògram 12-18 gu soirbheachail anns a' Ghàidhlig.

Às dèidh sin:-

- DH'AONTAICH** a' Chomataidh gum bu chòir aithne a thoirt do cho cudromach 's a bha dòigh-obrach cho-obrachail eadar Sgioba na Gàidhlig agus Oifigearan Foghlaim a bha air cothroman leasachaidh proifeiseanta agus goireasan a stiùireadh is a thoirt seachad airson an raoin cho-theacsaichean ann an sgoiltean na Gàidhealtachd gus solar Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus FtG a thoirt seachad is a bhrosnachadh air feadh na Gàidhealtachd;
- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan phròfaidhl bhuileachaidh taobh a-staigh frèam-obrach an dà chuid de chòmhradh is stiùir nàiseanta agus ath-sgrùdaidhean curraicealaim Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile; agus
- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do Cho-chomhairle Sgìre-sgoile Foghlam tron Ghàidhlig Gheàrrloch agus gun deigheadh tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn seo a cho-roinn le Comataidh an Fhoghlaim.

7. Plana-obrach Chomataidh na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/7/20 le ceann-latha 29 Dàmhair 2020 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingean a leanas:-

- bha seo a' sealltainn gu soilleir gun robh ro-innleachd làidir ann mar-thà gus amasan Plana na Gàidhlig 3 a choileanadh;
- dh'inns cuid de Bhuill gun robh iad duilich nach b' urrainn dhaibh a bhith an làthair aig na bùithtean-obrach air-loidhne;
- chuir Buill fàilte air an taic is am fòcas a bha ann am Bùth-obrach 4 airson Gàidhlig anns an àrd-sgoil;
- chuir a' Chomataidh aonta ri sgrùdadh dhen rannsachadh a chaidh a dhèanamh le Riaghaltas na h-Alba agus Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean mun chrìonadh sa Ghàidhlig sa choimhearsnachd dhùthchasaich agus gun

deigheadh cunntas air adhartas Plana na Gàidhlig a thoirt dhan Làn Chomhairle air stèidh bhliadhnail;

- a thaobh Ro-innleachd Conaltraidh is Com-pàirteachais Gàidhlig, bha e cudromach gun robh seo subailte agus gun gabhadh cumadh às ùr a chur air beachdan nam biodh sin riatanach. Dhaingnich an Cathraiche gum biodh a' Chomataidh co-fhreagrach do chothroman mar a thigeadh iad am bàrr; agus
- bha e na adhbhar gairdeachais gun robh a' Ghàidhlig a-nis na b' fhollaisiche agus gun robh e comasach an obair fharsaing is ghnìomhach a bhathar a' dèanamh a thoirt am follais cuideachd.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na cuspairean cumanta a thàinig am bàrr às na bùithtean-obrach;
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh aithisgean airson coinneamhan Comataidh na Gàidhlig anns an àm ri teachd;
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gum biodh am plana-obrach a' gabhail a-steach sgrùdadh dhen rannsachadh a tha Riaghaltas na h-Alba agus Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a' dèanamh mu chrìonadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd dhùthchasaich; agus
- iv. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun deigheadh adhartas a thaobh Plana na Gàidhlig 3 aithris dhan Làn Chomhairle air stèidh bhliadhnail.

8. Ro-innleachd Conaltraidh agus Com-pàirteachais na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/8/20 le ceann-latha 28 Dàmhair 2020 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Às dèidh moladh gum bu chòir cainnt nas sunndaiche a chleachdadh ann a bhith a' cur cànan is cultar na Gàidhlig air adhart, thug a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan dòigh-obrach a thaobh a bhith a' leasachadh Ro-innleachd Conaltraidh Gàidhlig agus **DH'AONTAICH** a' Chomataidh raon-ama airson a' Phlana Chonaltraidh a thoirt air ais chun na Comataidh.

Chriochnaich a' choinneamh aig 12.45f.